

## Naidheachd

### Farpais Sgriobhaidh Bàrdachd le Urras Shomhairlean co-bhuinn le Stòrlann

Chaidh farpais sgriobhaidh bàrdachd do sgoilearan àrd-sgoile fhoillseachadh às-ùr aig co-chruinneachadh bhliadhnailean an luchd-teagaisg is eile a tha an-sàs ann am foghlam Gaidhlig san Aghaidh Mhor. Tha an fharpais, a tha an turas seo gu bhith ag amas air clann aig iùre àrd-sgoile, air a chur air adhart le Urras Shomhairle MacIllEain agus air a libhrigeadh leis a' bhuidhinn Stòrlann.

Agus an-diugh cuideachd chaidh na duaisean ainmeachadh airson farpais 2019. Chaidh a' chiad dhuais (eàrrlas son £100) gu Nicola Noble (AS2) bho Ard-sgoil Thobar-Mhoire a sgriobh "Air an Iolaire". Chaidh an làrnach duais gu Aoife Scott, (AS1) Sgoil Bhagh a' Chaisteil - "Am Muncaidh", agus an treas duais gu Aoife NicLeòid, cuideachd bho Sgoil Bhagh a' Chaisteil a sgriobh "Àm an t-Sàmhraidh".

Chaidh duaisean sònraichte molaidh cuideachd a thoirt do thriùir: Julia Chaimbeul agus Aithne NicDhùghail bho Sgoil Bhagh a' Chaisteil agus Rachel Sutharlan bhon IRA ann an Inbhir Nis.

Tha an Fharpais Bhàrdachd Ghàidhlig mar chuimhneachan air an t-sàr bhàrd Ghàidhlig chliùiteach Somhairle MacIllEain. Faodaidh na dàin a bhith de dh'fhaid sam bith, air cuspair sam bith a' buntainn do chùrsa sgoile, no air cuspair a roghnaicheas an sgriobhaiche fhèin. Tha trì roinnean ann a rèir aois – a' chiad 's an làrnach bliadhna, an treas 's an ceathramh, agus an còigeamh 's an siathamh.

Thuirt Cathraiche Urras Shomhairle, Ùisdean MacIllInnein: "Bu mhath leam meala-naidheachd a chur air a h-uile sgoilear a bha san fharpais am bliadhna agus gu sònraichte Nicola Noble bho Muile a tha 13 bliadhna a dh'aois agus a sgriobh mun Iolaire. Tha sinn air leth toilichte a bhith a' libhrigeadh duaisean na bliadhna seo aig An t-Alltan agus tha sinn an dòchas a-nis gun tig adhartas eile air an fharpais le barrachd sgoiltean agus sgoilearan a' cur a-steach stuth. Tha sinn air leth toilichte leis a' bhàrdachd a tha sinn air a bhith a' faighinn agus le na duaisean a tha sinn

a' tabhann (£100 son a' chiad dhuais), tha sinn an dòchas gun urrainn do luchd-teagascg is eile a bhith a' cuideachadh seach gu bheil cothrom aig a' chloinn cur ris an obair-sgoile aca no a bhith a' togail air cuspairean a thogras iad fhèin. Bu mhath leinn taing a thoirt dhan h-uile duine a bha san fharpais an 2019 agus do Stòrlann a-rithist son an taic-san, agus cuideachd do Chomann an Eilein Sgitheanaich an Glaschu agus Comhairle nan Leabhraichean, a tha gar cuideachadh le na duaisean.”

**Thatas a-nis a' sìreadh thagraidhean son farpais 2020 agus feumaidh sin a bhith an làmhan Stòrlann ro 7 Gearran, 2020. Theid na duaisean an uairsin ainmeachadh ro dhereadh Màrt 2020.**

Seo a' bhàrdachd a choisinn a' chiad dhuais ann am farpais 2019

### Air an lolaire

Tha mi cho toilichte,  
 Tha mi a' dol dhachaigh,  
 A dh'fhaicinn mo mhàthair,  
 A dh'fhaicinn mo phiuthar,  
 A dh'fhaicinn mo chù.

Bha an cogadh cho eagalach,  
 Bha mi cho nearbhach,  
 Poll, feansaichean uèir, radain  
 Daoine marbh an siud, daoine marbh an seo,  
 Daoine marbh air feadh an àite.

Casan fliuch is tachasach,  
 Poll suas gu mo ghlùinean,  
 Radain a' streap orm nam chadal,  
 Radain an siud, radain an seo,  
 Radain air feadh an àite.

Ach tha an cogadh deiseil a-nis,  
 Tha mi a' dol dhachaigh air an lolaire  
 Bidh mo theaghlaich a' feitheamh orm aig an taigh,  
 Mo mhamaidh an siud, mo phiùthar an seo,  
 Mo theaghlaich ghràdhach air feadh an àite.

Tha an t-sìde cho dona air a' bhàta,  
 Tha mi a' faireachdainn cho bochd,  
 Tha na stuadhanan a' bualadh a' bhàta,  
 Tha mi a' cluinntinn Seonaidh ag èigheach,  
 'Man overboard!'

Bhuail sinn na creagan!  
Tha sinn a' dol sìos!  
Chan fhaic mi mo mhàthair,  
Chan fhaic mi mo phiuthar,  
Chan fhaic mi mo chù...

Ainm: Nicola Noble

Aois: 13

Ìre: AS2

Sgoil: Ard-sgoil Thobar Mhoire

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Urras Shomhairle, agus son na piosan bàrdachd eile bho fharpais 2019, faic <http://www.somhairlemacgilleain.org>**

ends